

26 Samhain 2019

A Phàrant/Neach-cùraim chòir

San t-Sultain 2019, thadhail sgioba luchd-sgrùdaidh bho Foghlam Alba agus Luchd-sgrùdaidh a' Chùraim air Bun-sgoil, Aonad Gàidhlig (bun-sgoil agus sgoil-àraich) agus Clas-àraich Innis an Uillt. Rè ar turais, bhruidhinn sinn ri pàrantan/luchd-cùraim agus ri clann agus dh'obraich sinn gu dlùth leis a' cheannard agus an luchd-obrach.

Fhuair an sgioba sgrùdaidh na neartan a leanas ann an obair na sgoile. Tha iad a' buntainn ri Foghlam tro mheadhan na Gàidhlig agus na Beurla mur eil nì eile air a ràdh.

- Tha meas aig daoine air a' cheannard agus tha i taiceil. Tha i a' cur luach air a bhith a' tabhann àrainn dheimhinneach far a bheil ionnsachadh a' còrdadh ris a' chloinn agus a' soirbheachadh thar ìrean na sgoil-àraich agus na bun-sgoile. Mar thoradh air sin, tha a' chlann a' faireachdainn sàbhailte agus mar phàirt de choimhearsnachd làidir làn-sgoile. Bidh iad a' mealtainn soirbheachas ann an raon de choileanaidhean nas fharsainge taobh a-staigh agus taobh a-muigh na sgoile agus tha iad moiteil às an Duais Sgoiltean Didseatach a choisinn iad o chionn ghoirid.
- Tha an luchd-obrach ag obair gu math ann an sgiobaidhean, an dà chuid sna clasaichean bun-sgoile agus sgoil-àraich. Tha iad eòlach air a' chloinn agus an teaghlaidhean. Bidh iad a' dol an sàs gu cunbhalach ann an ionnsachadh proifeiseanta agus tha iad a' dèanamh tuilleadh leasachaidh air an ionnsachadh proifeiseanta agus air am modh-obrach, agus tha buaidh dheimhinneach aig seo air builean na cloinne.
- Tha ceannardas agus obair sgioba san sgoil-àraich Bheurla a' toirt deagh bhuidh air adhartas atharrachaidh, a tha a' dèanamh cinnteach à eòlasan tràth-ionnsachaidh de dheagh chàileachd airson clann. Tha clann san sgoil-àraich a' dèanamh deagh adhartas ann an ionnsachadh.
- Tha an luchd-obrach agus na pàrantan air obrachadh còmhla ann an dòigh dheimhinneach gus Foghlam Meadhan Gàidhlig (FMG) soirbheachail a leasachadh aig Bun-sgoil Innis an Uillt. Tha an sgoil-àraich a' tabhann deagh thoiseach tòiseachaidh ann a bhith a' leasachadh fileantas tràth na cloinne sa Ghàidhlig. Tha clann a' leantainn orra a' dèanamh adhartas ann a bhith a' bruidhinn na Gàidhlig mar a bhios iad a' gluasad tron sgoil.

Chaidh na raointean a leanas a chomharrachadh airson an leasachadh agus chaidh bruidhinn mun deidhinn ris a' cheannard agus ri riochdaire bho Chomhairle Dhùn Bhreatainn an Ear.

- Gus taic a thoirt do bhith a' cleachdadh fiosrachadh agus dàta ann an dòigh nas fheàrr, bu chòir do luchd-obrach agus tidsearan a tha ag obair thar ìrean na sgoil-àraich agus na bun-sgoile, lèirmheas a dhèanamh air modhan-obrach a thaobh measadh. Tha seo a' gabhail a-steach a bhith a' dèanamh lèirmheas air tracadh agus sgrùdadh air adhartas chloinne thar raointean a' churraicealaim air fad, a' gabhail a-steach slàinte agus sunnd.

Feumaidh luchd-obrach agus tidsearan mion-sgrùdadh a dhèanamh air fiosrachadh a chaidh a chruinneachadh bho na siostaman aca, agus seo a chleachdadh gus tuilleadh leasachaidh a dhèanamh air builean na cloinne.

- Thar na bun-sgoile agus na sgoil-àraich, feumaidh luchd-obrach agus tidsearan cunbhalachd nas motha a leasachadh ann an ionnsachadh agus teagasg gus dèanamh cinnteach gum bi eòlasan de dh'àrd-chàileachd aig an luchd-ionnsachaidh air fad.
- Thar ìrean na sgoil-àraich agus na bun-sgoile, feumaidh luchd-obrach agus tidsearan leantainn orra a' leasachadh a' churraicealaim gus dèanamh cinnteach gum bi clann a' dèanamh adhartas thar nan raointean air fad taobh a-staigh cho-theacsaichean ionnsachaidh iomchaidh. Bu chòir dhan seo a bhith a' gabhail a-steach chothroman air an deagh phlanadh airson a bhith ag ionnsachadh air a' bhlàr a-muigh agus a' leasachadh sgilean airson ionnsachadh, beatha agus obair.
- Feumaidh àrd-stiùirichean agus luchd-obrach leantainn orra a' leasachadh FMG de dh'àrd-chàileachd le bhith a' tabhann làn-bhogadh san sgoil-àraich fad na h-ùine. Aig ìrean na bun-sgoile, feumaidh sgilean na cloinne ann an sgrìobhadh sa Ghàidhlig a bhith air an leasachadh.

Chruinnich sinn fianais gus cothrom a thoirt dhuinn luachadh a dhèanamh air obair na sgoile a' cleachdadh ceithir comharran càileachd ann an [Dè cho math 's a tha an sgoil againn? \(4mh eagra\)](#) agus [Dè cho math 's a tha ar tràth-ionnsachadh agus cùram-chloinne?](#) Bidh comharran càileachd a' cuideachadh sgoiltean, ùghdarrasan ionadail agus luchd-sgrùdaidh gus breith a thoirt air dè a tha math agus dè a dh'fheumas a bhith air a leasachadh. An dèidh sgrùdadh a dhèanamh air gach sgoil, bidh Riaghaltas na h-Alba a' cruinneachadh mion-fhiosrachadh de ar luachaidhean gus lorg a chumail air dè cho math 's a tha sgoiltean ann an Alba a' dèanamh.

Seo luachaidhean Foghlam Alba airson Bun-sgoil Innis an Uillt, An t-Aonad Gàidhlig agus an Sgoil-àraich

Comharran càileachd nan ìrean bun-sgoile	Measadh
Stiùireadh air atharrachadh	math
Ionnsachadh, teagasg agus measadh	math
Ag àrdachadh buileachadh agus coileanadh	math
A' dearbhadh sunnd, co-ionannachd agus in-ghabhaltas	math

Tha tuairisgeulan de na luachaidhean rim faotainn bho [Dè cho math 's a tha an sgoil againn? \(4mh eagra\)](#). Pàipear-taic 3: [An sgèile sia puing.](#)

Comharran càileachd na sgoil-àraich	Measadh
Stiùireadh air atharrachadh	math
Ionnsachadh, teagasg agus measadh	math
Daingneachadh adhartas na cloinne	math
A' dearbhadh sunnd, co-ionannachd agus in-ghabhaltas	math

Tha tuairisgeulan de na luachaidhean rim faotainn bho: [Dè cho math 's a tha ar tràth-ionnsachadh agus ar cùram-chloinne? Pàipear-taic 1: An sgèile sia puing.](#)

Seo luachaidhean Coimisean a' Chùraim airson na sgoil-àraich tro mheadhan na Beurla.

Luachadh Coimisean a' Chùraim	Luachadh
Càileachd a' chùraim agus an taic	glè mhath
Càileachd na h-àrainneachd	glè mhath

Riathanasan/molaidhean a rinneadh le Coimisean a' Chùraim airson a' chlas-àraich

Mar thoradh air an sgrùdadh seo, chan eil riathanasan no molaidhean sam bith ann.

Bidh sgrìobhainn le fiosrachadh nas mionaidiche, ainmichte mar Gheàrr-iomradh air Toraidhean an Sgrùdaidh (SIF), ri fhaotainn air làrach-lìn Foghlam Alba aig:

<https://education.gov.scot/education-scotland/inspection-reports/reports-page/?id=3624>

Dè thachras a-nis?

Tha sinn misneachail gu bheil an comas aig an sgoil leantainn air adhart a' leasachadh agus mar sin cha thadhail sinn a-rithist co-cheangailte ris an sgrùdadh seo. Innsidh Comhairle Dhùn Bhreatainn an Ear do na pàrantan/luchd-cùraim mu adhartas na sgoile mar phàirt de na h-ullachaidhean aca ann a bhith ag innse mu chàileachd a sgoiltean.

Dennise Sommerville
Neach-sgrùdaidh na
Banrigh

Claire Reilly
Neach-sgrùdaidh a' Chùraim